Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Coinneamh air Diciadain 26/01/2022 09.30 – 12.30
Tro Teams

Policy & Resources Committee
Meeting on Wednesday 26/01/2022 09.30 – 12.30
Via Teams

CLÀR-GNOTHAICH | **AGENDA**

SEISEAN DÙINTE		**CLOSED SESSION**	09.30-10-05
1.0	**CÙISEAN TÒISEACHAIDH**	**OPENING ITEMS**	
1.1	**Fàilte & Leisgeulan**	**Welcome & Apologies**	
1.2	**A' Nochdadh Chom-pàirtean** *Bu chòir do Bhuill com-pàirt ionmhasail no neo-ionmhasail a th' aca ann an cùis sam bith air am bithear a' beachdachadh a chlàradh, le bhith a' comharrachadh na puinge buntainniche agus an t-seòrsa com-pàirt a th' aca*	**Declaration of Interests** *Members should declare any financial and non-financial interest they have in the items of business for consideration, identifying the relevant agenda item, and the nature of their interest*	
1.3	**Geàrr-chunntas na coinneamh air 09/11/2021 - ri toirt fa-near**	**Minutes from meeting on 09/11/2021 – for noting**	d. 4
1.4	**Clàr Gnìomhan**	**Actions Listing**	d. 11
1.5	**Co-dhùnaidhean eadar coinneamhan - ri toirt fa-near** Bun-riaghailtean na Comataidh	**Decisions taken between meetings – for noting** Committee Terms of Reference	
1.6	**Gnothach Iomchaidh sam Bith Eile –** *Bu chòir iarrtas sam bith airson puingean eile a chur fo GISBE a chur gu Cathraiche na Comataidh ron choinneimh.*	**AOCB -** *Any items for AOCB should be sent for consideration to the Committee Chair prior to the meeting.*	
2.0	**IONMHAS**	**FINANCE**	
2.1	**Ri Aontachadh** Buidseat Bliadhnail *Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra*	**For Decision** Annual Budget *Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs*	d. 12
2.2	**Ri Aontachadh** Plana Ionmhas Meadhan-ùine *Iain MacMillan, Stiùiriche Leasachaidh (eadar-amail)*	**For Decision** Medium-term Financial Plan *Iain Mac a' Mhaoilein, Interim Development Director*	d. 19
3.0	**SEISEAN FOSGAILTE**	**OPEN SESSION**	10.05-12.30
3.1	**Fàilte & Leisgeulan**	**Welcome & Apologies**	
3.2	**A' nochdadh Chom-pàirtean**	**Declarations of Interest**	
4.0	**IONMHAS**	**FINANCE**	
4.1	**Airson Fiosrachadh** * Aithisg Ionmhais gu 30/11/2021* *Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra*	**For Information*** Finance Statement to 30/11/2021 *Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs*	d. 34
4.2	**Ri Aontachadh** Prìomhachasan is riaghailtean GLAIF 2022/23 *Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan*	**For Decision** GLAIF Priorities and rules 2022/23 *Steven Kellow, Funding & Projects Officer*	d. 37
5.0	**PLANA GNÌOMH**	**OPERATIONAL PLAN**	
5.1	**Airson Fiosrachadh*** Plana Gnìomh 2021/22 -Sgrùdadh	**For Information*** Operational Plan 2021/22 – Monitoring	d. 45

	PT1 –Coileanadh a' phlana gnìomh 21/22 *Shona NicIllinnein, Ceannard*	PT1 –Operational plan delivery 21/22 *Shona MacLennan, Ceannard*	
	STAD	**BREAK**	
6.0	**CLEACHDADH**	**USAGE**	
6.1	**Ri Aontachadh** Amasan Àrd Ìre PT1 – airson Eagran 03, PGR001 Alba Chruthachail PT2 – airson Eagran 03, PGR009 Comhairle Bhaile Dhùn Èideann PT3 – airson Eagran 02, PGR059 SpòrsAlba *Shona NicIllinnein, Ceannard* *Kyle Orr, Oifigear nam Planaichean* *Anna Walker, Oifigear nam Planaichean*	**For Decision** High Level Aims PT1 – for Edition 03, PGR001 Creative Scotland PT2 – for Edition 03, Edinburgh City Council PT3 – for Edition 02, SportScotland *Shona MacLennan, Chief Executive* *Kyle Orr, Plans Officer* *Anna Walker, Plans Officer*	d. 56 d. 58 d. 64 d. 69
6.2	**Ri Aontachadh** Planaichean Gàidhlig *Jim Whannel, Stiùiriche Foghlaim* *Kyle Orr, Oifigear nam Planaichean* *Anna Walker, Oifigear nam Planaichean* PT1 – Eagran 01, PGR067 Coimisean Fearainn na h-Alba 2022 – 2027 PT2 – Eagran 02, PGR007 Comhairle Aonghais 2022-2027	**For Decision** Gaelic Language Plans *Jim Whannel, Director of Gaelic Education* *Kyle Orr, Plans Officer* *Anna Walker, Plans Officer* PT1 – Edition 01, PGR067 Scottish Land Commission 2022 – 2027 PT2 – Edition 02, PGR007 Angus Council 2022-2027	d. 74 d. 76 d. 112
6.3	**Airson Fiosrachadh*** Buaidh bho aontaidhean 3-bliadhna *Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra*	**For Information*** Impact of 3-year agreements *Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs*	d. 155
7.0	**IONNSACHADH**	**LEARNING**	
7.1	**Airson Fiosrachadh*** Adhartas air Foghlam Àrd-sgoile PT1 – Co-chomhairleachadh GTCS PT2 - Measaidhean Buaidh mu ullachaidhean airson a bhith a' tilleadh dhan Sgoil san Fhaoilleach 2022 *Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim*	**For Information*** Progress with Secondary School Education PT1 – GTCS Consultation PT2 – Impact Assessment for preparations for returning to school in January 2022 *Jim Whannel, Director of Gaelic Education*	d. 158 d. 161 d. 173
7.2	**Airson Fiosrachadh*** Adhartas air a' trusadh agus a' glèidheadh luchd-teagaisg *Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim*	**For Information*** Progress on recruiting and retaining teachers *Jim Whannel, Director of Gaelic Education*	d. 177
8.0	**PLANA OBRACH NA COMATAIDH**	**COMMITTEE WORK PLAN**	
8.1	**Ri Aontachadh** Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan PT1 – Plana obrach *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**For Decision** Policy & Resources Committee Work Plan PT1 – Work plan *Shona MacLennan, Ceannard*	d. 180 d. 182
9.0	**GNOTHACH IOMCHAIDH SAM BITH EILE**	**ANY OTHER BUSINESS**	
	Ceann-latha na h-ath choinneimh: 10/05/2022	Date for the next meeting: 10/05/2022	
10.0	**TAISBEANADH**	**PRESENTATION**	
	Comhairle nan Leabhraichean *Alison Lang, Ceannard* *Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh*	**Gaelic Books Council** *Alison Lang, CEO* *Post-meeting Review of meeting*	

- Tha pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' airson a bhi a toirt-fa-near dhiubh agus chan eil ùine deasbad no còmhradh air an cur mun coinneamh sa chlàr gnothaich.
- Far am bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr gnothaich.
- Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' air nach eil rionnag * le bhi a' leigeil fios don Cathraiche na Comataidh co-dhiù latha ron choinneimh.
- Far am bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean neo cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu oifis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneamh. Cuiridh an sgioba rianachd a cheist sin air adhart chun oifigear iomchaidh airson am freagairt, agus airson a bhi cothromach thèid am freagairt a' sgaoileadh air na Buill gu lèir airson gum bidh an aon thuigse an uairsin aig a h-uile neach.

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 4.1

For	Policy and Resources Committee
Date of Meeting	26/01/2022
Location:	Online
Item on Agenda	4.1

Paper Title	Finance Report to 30th November 2021	
Recommendation	For Information *	
Spokesperson	Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs	
Governance Route	**Date of Meeting**	**Decision**
Leadership Team	15/12/2021	For Information
Appendices:	PT1 – Finance Report to 30.11.2021	

1.0	**Purpose**
1.1	To give information to the Committee on the financial position as at 30 November 2021. The paper is in English as it will be presented by the Head of Finance and Corporate Affairs.
2.0	**Background**
2.1	PT1 provides an overview of the last Quarter and YTD position, as well as a full year forecast position. The Development Spend is categorised in line with Strategic Priorities 1 – 3, whilst Strategic Priority 4 (Developing How we Work) is funded from running costs. At the start of 21-22, we had been awarded £5,179k in Grant in Aid which was our original budget for the current financial year. However, in June we were awarded a further £400k, taking our Grant in Aid budget to £5,579k - £200k towards additional staffing in BnG and £200k for additional Gaelic officer posts.
3.0	**Main Points**
3.1	At the end of the November 2021, total spend was 23% under budget. This variance was primarily driven by Development spend which was underspent by c£900k: • £580k – GLAIF Grant Schemes: This variance is related to budget profile rather than a true underspend. With GLAIF, we receive status reports at the end of August each year – these reports trigger a release of spending for new and continuing projects. Spend therefore is expected to take place between December and January; and • £215k – Grant Schemes other. Again, this is a budget phasing issue and the budget is forecast to be fully utilised. Only £353k of the total £3,845k development spend budget remains uncommitted - £197k of this also relates to GLAIF Grant Schemes. Running costs are 12% behind budget year-to-date. This is a general underspend across a number of cost categories.

	We are currently forecasting a full year underspend of c£84k. This is primarily driven by having received additional funding for new posts part way through the year some of which remain unfilled.
4.0	**Recommendation**
4.1	Members are requested to consider the report and note the information.
5.0	**Main Strategic Impacts**
5.1	**Impact on Finance**
	As described above.
5.2	**Impact on Staff**
	N/a.
5.3	**Impact on Training**
	N/a
5.4	**Links to Strategic and Corporate Aims**
	This paper supports the Committee in fulfilling the aims for the year.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta/ Links to the National Performance Framework**
	n/a
5.6	**Buaidhean air Cliù/Impacts on Reputation**
	It is important the BnG continues to demonstrate effective management of its finances.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd/Impacts on Health and Safety**
	n/a
5.8	**Buaidhean Laghail/Legal Impacts**
	n/a
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas/Impacts on Equality**
	n/a
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd/Impacts on the Environment**
	n/a

Seisean Fosgailte
PT1 - Cuspair 4.1

Finance report (against strategic priorities and full year forecast) – November 2021

	QUARTER 2 (1 Jul - 30 Sept)			YTD (1 Apr - 30 Nov)			FULL YEAR			COMMITMENTS			
	BUDGET	ACTUAL	VAR	BUDGET	ACTUAL	VAR	BUDGET	FORECAST	VAR	FORECAST	YTD SPEND	COMMITTED	UNCOMMITTED
Opening Available Budget	89,638	89,638		89,638	89,638		89,638	89,638					
Grant In Aid	1,272,000	1,272,000		4,402,000	4,402,000		5,579,000	5,579,000					
Funding From External Bodies	25,000	25,000		75,000	50,000	(25,000)	100,000	75,000	(25,000)				
Returned Funding		4,384	4,384		19,777	19,777		19,777	19,777				
AVAILABLE BUDGET	**1,386,638**	**1,391,022**	**4,384**	**4,566,638**	**4,561,415**	**(5,223)**	**5,768,638**	**5,763,415**	**(5,223)**				
Using Gaelic	522,777	428,060	94,717	2,199,260	1,574,355	624,905	2,532,824	2,553,817	(20,993)	2,553,817	1,574,355	765,322	214,139
Learning Gaelic	314,047	270,117	43,930	881,005	651,923	229,081	1,034,620	1,015,633	18,987	1,015,633	651,923	246,040	117,670
Promoting Gaelic	55,507	43,187	12,320	236,722	193,245	43,477	277,557	275,551	2,006	275,551	193,245	61,554	20,752
DEVELOPMENT SPEND	**892,331**	**741,363**	**150,968**	**3,316,986**	**2,419,523**	**897,463**	**3,845,000**	**3,845,000**	**(0)**	**3,845,000**	**2,419,523**	**1,072,916**	**352,561**
Salaries	302,915	289,673	13,241	874,439	782,840	91,598	1,411,658	1,238,142	173,516				
Other Costs	115,312	93,691	21,621	295,054	245,287	49,767	422,342	512,178	(89,836)				
RUNNING COSTS	**418,226**	**383,364**	**34,862**	**1,169,493**	**1,028,127**	**141,366**	**1,834,000**	**1,750,320**	**83,680**				
TOTAL SPEND	**1,310,558**	**1,124,727**	**185,830**	**4,486,479**	**3,447,650**	**1,038,829**	**5,679,000**	**5,595,320**	**83,680**				
BUDGET CARRIED FORWARD	**76,081**	**266,295**	**190,214**	**80,160**	**1,113,765**	**1,033,606**	**89,638**	**168,095**	**78,457**				

UNCOMMITTED DEV BUDGET:	352,561

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.2

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	26/01/2022
Àite:	Air MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	4.2

Tiotal a' Phàipeir	Prìomhachasan sgeamaichean taic-airgid GLAIF is Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh 2022/23
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh
Neach labhairt:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan

Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	17/01/2022	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Ceangal eadar prìomhachasan nan sgeamaichean is gnìomhan Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig	

1.0	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta bho Bhuill air na prìomhachasan airson sgeama taic-airgid GLAIF (*Gaelic Language Act Implementation Fund*) agus sgeama taic-airgid Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh 2022/23.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha sgeama taic-airgid GLAIF air a bhith a' ruith fad iomadh bliadhna gus taic a chumail ri iarrtasan bho bhuidhnean poblach aig a bheil plana Gàidhlig reachdail no a tha ag ullachadh plana Gàidhlig reachdail, is dùil gun tèid na sgeamaichean seo fhoillseachadh airson 2022/23 sna seachdainean a tha romhainn.
2.2	Tha an sgeama seo a' dèanamh feum den chuid as motha den bhuidseat shònraichte a tha Bòrd na Gàidhlig a' faighinn bho Riaghaltas na h-Alba airson leasachadh ro-innleachdail, is seo aig ìre £1.14m ann an 2021/22.
2.3	'S e seo an treas cuairt de sgeama Tabhartasan nan Cùrsaichean Bogaidh, is tha seo air tighinn mar an ath cheum do thaic bogaidh às dèidh taic a chùm Bhòrd na Gàidhlig ris a' chùrsa GIFT (*Gaelic Immersion for Teachers*) eadar 2014 is 2019.
2.4	Chaidh £162,640 de thaic-airgid aontachadh airson sgeama Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh ann an 2020/21 agus 2021/22, is tha seo air taic a chumail ri 5 tidsearan.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	**<u>GLAIF</u>** 'S e àrd-amas sgeama GLAIF (*Gaelic Language Act Implementation Fund*) taic-airgid a chumail ri buidhnean poblach ann a bhith lìbhrigeadh nam planaichean Gàidhlig reachdail aca, is airson obair ro-innleachdail a chur an gnìomh dhan Ghàidhlig.
3.2	Tha measgachadh de phròiseactan air am maoineachadh tron sgeama seo eadar pròiseactan mòra a tha air a bhith ruith fad iomadh bliadhna agus pròiseactan beaga cuspaireil gus freagairt air feum sònraichte.
3.3	Am-bliadhna, leis an taic-airgid a tha air aontachadh ann am prionnsapal airson taic a chumail ri SpeakGaelic agus airgead a bhios a dhìth airson gnìomhan eile (leithid taic a chumail ri cuid de dh'oifigearan Iomairtean aig Comunn na Gàidhlig/tràth-ìrean aig Comann nam Pàrant) thathar an dùil gum bi buidseat nas lugha ann airson sgeama 2022/23 na bha ann an-uiridh.

3.4 Mar sin, thathar ag amas gum bi na prìomhachasan airson an sgeama am-bliadhna coltach ris a' bhliadhna an-uiridh, ach le barrachd fòcas air pròiseactan a tha ro-innleachdail agus a tha a' brosnachadh chom-pàirteachasan eadar buidhnean aig a bheil planaichean Gàidhlig agus am measg nam buidhnean seo is nan coimhearsnachdan a tha iad a' frithealadh. Cuideachd thèid casg a chur air buidhnean bho bhith a' cur a-steach airson còrr is 5 pròiseactan, gus an dèan na h-ùghdarrasan prìomhachas air na pròiseactan as freagarraiche.

3.5 Leis gu bheilear a' cumail taic ri goireasan SpeakGaelic tro aontaidhean le MG ALBA is Sabhal Mòr Ostaig, is na goireasan aig ìre A1 is A2 air an sgèile CLAG (Comasan Labhairt ann an Gàidhlig) rim fhaighinn, thathar cuideachd an dùil nach tèid taic-airgid a chumail ri clasaichean Gàidhlig aig na h-ìrean sin tro GLAIF.

3.6 Thathar cuideachd airson leantainn leis an riaghailt gum bi pròiseactan leantainneach an dùil airgead aig an aon ìre no nas lugha fhaighinn, ach a-mhàin ma tha adhbhar sònraichte ann, gus àbhaisteachadh na Gàidhlig tro obair na buidhnean a bhrosnachadh, is gus am bi airgead air a chumail airson pròiseactan ùra.

3.7 Mar as àbhaist, tha buidseat GLAIF air a roinn le airgead sònraichte ann airson pròiseactan Cleachdadh na Gàidhlig, Foghlaim agus Cur air adhart na Gàidhlig gus an ghabh taic fhreagarrach a chumail ris na diofar raointean seo.

3.8 Thèid tuilleadh beachdachadh a dhèanamh sa bhliadhna ri teachd air mar a ghabhas sgeama GLAIF a leasachadh san àm ri teachd gus àbhaisteachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg obair bhuidhnean poblach is gus luach an airgid as fheàrr fhaighinn bhon sporan a th' aig Bòrd na Gàidhlig, is cothrom ath-bheothachadh a dhèanamh air an sgeama (le ainm ùr) bho 2023 air adhart.

3.9 Gu h-ìosal gheibhear iomradh air an sgeama, le moladh airson clàr-ama, prìomhachasan an sgeama airson 2022/23 agus bun-riaghailtean sònraichte dhan sgeama.

3.10 Clàr-ama

A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith
7 Gearran 2022	21 Giblean 2022	Lùnastal 2022 – Lùnastal 2023

3.11 Tuairmse buidseit: £440k (~£260k a thaobh cleachdadh is cur air adhart na Gàidhlig, ~£180k a thaobh foghlaim)

3.12 Prìomhachasan

- A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is a' togail chomasan airson leasachadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd, gu h-àraidh am measg dhaoine òga
- A' cur ri inbhe, cunbhalachd is faotainneachd na Gàidhlig tro sheirbheisean coitcheann agus conaltradh an ùghdarrais
- A' neartachadh chomasan Gàidhlig, a' cur ri mothachadh Gàidhlig agus a' cruthachadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh am measg ùghdarrasan poblach agus an luchd-obrach aca
- A' brosnachadh leasachadh agus leudachadh foghlam Gàidhlig (foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig) agus ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbhich
- A' toirt cothroman do dhaoine òga Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach is sgilean-obrach a thogail

3.13 Bun-riaghailtean

- Tha an sgeama fosgailte do bhuidhnean poblach aig a bheil plana Gàidhlig reachdail, no a tha an sàs sa phròiseas gus a' chiad phlana Gàidhlig aca ullachadh (no buidheann leth-eisimeileach [ALEO] aig buidheann aig a bheil plana Gàidhlig)
- Chan fhaod buidhnean còrr is 5 iarrtasan a chur a-steach *(Riaghailt ùr airson 2022/23 gus am bi buidhnean nas ro-innleachdaile)*
- Chan fhaodar iarrtas a chur a-steach airson còrr is £25,000, ach a-mhàin ma tha cead air a thoirt seachad ro làimh le oifigearan a' Bhùird (is seo airson pròiseactan air am meas ro-innleachdail)
- Nach tèid taic-airgid a chumail ri lìbhrigeadh curraicealam-sgoile Gàidhlig, no clasaichean Gàidhlig airson luchd-tòisichidh aig ìrean A1 is A2 air sgèile CLAG *(Pìos a thaobh clasaichean A1 is A2 ùr airson 2022/23)*
- Thèid iarrtasan a roinn eadar da phannal-measaidh (Pannal Cleachdadh is Cur air adhart na Gàidhlig agus Pannal Foghlaim) gus eòlas iomchaidh luchd-obrach a' Bhùird a chur gu feum
- Ma tha barrachd iarrtasan freagarrach ann na th' ann de thaic-airgid ri thoirt seachad, thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh a-rèir sgòradh nan pannalan is gus taic a chumail ris an fharsaingeachd as motha de bhuidhnean a tha comasach

3.14 Slatan-tomhais measaidh

- Buaidh is càileachd a' phròiseict ann a bhith a' freagairt air prìomhachasan na maoin
- Buaidh air cur an gnìomh phlanaichean Gàidhlig reachdail
- Ùr-ghnàthachas is com-pàirteachas
- Luach an airgid
- Comasan gus pròiseactan a lìbhrigeadh
- Mar a tha am pròiseact mothachail air dleastanasan a thaobh a bhith:
    - A' lùghdachadh buaidh air an àrainneachd
    - A' cur ri co-ionannachd chothroman do dhaoine le feart dìonte (a rèir Achd Co-ionannachd 2010)
    - A' cur ri cothroman do chlann a tha, no a tha air a bhith, fo chùram (a rèir nan dleastanasan a tha oirnn fo Phlana Pàrantan Corporra Bhòrd na Gàidhlig)
- Mar a thathar a' moladh gun tèid aca air taic-airgid a' Bhùird aithneachadh

Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh

3.15 'S e amas an sgeama seo taic a chumail ri ùghdarrasan ionadail gus tidsearan no luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean a tha clàraichte aca a chur air cùrsa bogaidh Gàidhlig gus an urrainn dhaibh teisteanas fhaighinn gus Gàidhlig no chuspairean Gàidhlig a theagaisg.

3.16 Thathar den bheachd gu bheil an t-slighe seo cudromach ann a bhith brosnachadh thidsearan aig a bheil ùidh gluasad eadar foghlam Beurla is foghlam Gàidhlig, is ged nach eil mòran iarrtasan air a bhith ann tron sgeama san dà bhliadhna a dh'fhalbh (is 5 tidsearan air an cuideachadh gu h-iomlan thairis air an dà bhliadhna sa chaidh), thathar airson leantainn leis an sgeama.

3.17 Aig an ìre seo, tha cùrsaichean bogaidh freagarrach airson an sgeama seo ri fhaighinn bho Oilthigh Ghlaschu is Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (tha an fheadhainn seo air an lìbhrigeadh aig Sabhal Mòr Ostaig agus Colaisde a' Chaisteil).

3.18 Tuairmse Buidseat – £120,000

3.19 Clàr-ama

A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith
1 Màrt 2022	6 Cèitean 2022	Lùnastal 2022 – Lùnastal 2023

	Prìomhachasan
3.20	San fharsaingeachd thèid iarrtasan freagarrach aontachadh ma tha iad leantainn nam bun-riaghailtean, ach ma tha barrachd iarrtasan freagarrach ann na tha comasach dhuinn coileanadh a thaobh buidseat, thèid prìomhachas a chur air iarrtasan bho ùghdarrasan ionadail a tha – • A' cur an cèill mar a bhios na tidsearan/luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean seo a' cur gu mòr ri solar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns an sgìre ùghdarrais aca • A' cur an cèill mar a bhios na tidsearan/luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean seo a' cur ris an fheachd-obrach foghlaim Gàidhlig aig an ùghdarras san fharsaingeachd • A' sealltainn mar a bhios an t-suim a tha air sireadh a' toirt seachad deagh luach an airgid airson airgead Bhòrd na Gàidhlig
	Bun-riaghailtean

3.21	• Faodar suas ri £37k iarraidh uile-gu-lèir, is am figear seo stèidhichte air tuairmse de –
	  • Suas ri £30k airson cosgaisean solarachaidh an àite an tidsear a tha air a chur air cùrsa bogaidh (mas e is gur e cùrsa làn-thìde a th' ann)
	  • Suas ri £5k airson àite-fuirich agus cosgaisean siubhail gus an cùrsa a fhrithealadh
	  • Suas ri £2k airson cìsean a' chùrsa
	• Feumaidh an tidsear a dhol a-steach gu dreuchd teagaisg Gàidhlig anns an ath bhliadhna-sgoile às dèidh dhaibh an cùrsa crìochnachadh, is feumaidh an t-ùghdarras ionadail dreuchd den leithid a ghealltainn dhaibh
	• Feumaidh sgilean Gàidhlig a bhith aig an tidsear a tha co-ionnan ri ìre B1 air sgèile FICE (Frèam Ionnsachaidh Cànanan Eòrpach) ro thòiseach a' chùrsa

3.22	Thathar a' cur fàilte air beachdan buill na Comataidh air prionnsabalan is riaghailtean an dà sgeama seo.
4.0	**Moladh**
	Thathar ag iarraidh air buill na Comataidh:
4.1	Am fiosrachadh sa phàipear agus ann am PT1 a thoirt fa-near.
4.2	Aontachadh ris na riaghailtean is prìomhachasan airson sgeama GLAIF agus sgeama Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh mar a tha air ainmeachadh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
5.1.1	Thèid na sgeamaichean a ruith taobh a-staigh buidseatan a thèid aontachadh airson 2022/23, is nì iad feum air na tha air fhàgail ri chosg anns an loidhnichean GLAIF nuair a tha na sgeamaichean air a ruith.
5.1.2	Ma tha barrachd iarrtasan freagarrach ann na tha e comasach dhan Bhòrd taic a thoirt a thaobh buidseat, thèid cuid de dh' iarrtasan aontachadh "ann am prionnsapal", is cothrom aca airgead fhaighinn nas fhaide air adhart sa bhliadhna ma tha airgead ùr ri fhaighinn (m.e. ma tha pròiseactan 2021/22 ann nach do chleachd an t-airgead slàn a bha a dhìth orra).
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
5.2.1	Tha luchd-obrach an sàs ann a bhith a' measadh nan iarrtasan, is tha iarrtasan GLAIF air an roinn eadar pannal Cleachdadh is Cur air adhart agus pannal Foghlaim gus eòlas iomchaidh a chur an cèill sa mheasadh agus am feum as èifeachdaiche a dhèanamh de na buidseatan sònraichte.
5.2.2	Thèid measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh le riochdairean iomchaidh de sgioba an fhoghlaim is sgioba nan tabhartasan.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Thèid trèanadh a thoirt seachad do bhuill nam pannalan-measaidh nach robh an sàs a-cheana gus am bi iad eòlach air a' phròiseas is air deagh chleachdadh, is bidh an trèanadh is beachdan

	bhon luchd-obrach seo na neart ann a bhith a' toirt eòlas is cùl-fiosrachaidh eadar-dhealaichte a-steach dhan phròiseas measaidh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
5.4.1	Tha dealbh coileanta ri fhaighinn ann am PT1 air mar a bhios na prìomhachasan a tha air am moladh a' cur ri Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig (is tha fios air sgeamaichean eile airson 2022/23 a chaidh aontachadh ann mar fhios).
5.4.2	Tro na pròiseactan uile thèid iarraidh air pròiseactan fiosrachadh a thrusadh a thaobh buaidh air slatan-tomhais sa Phlana Chorporra agus cuideachd buaidh a thaobh sunnd nan com-pàirtichean, is tha seo a' freagairt air gnìomh sa Phlana Gnìomh 2021/22: "Barrachd cheanglaichean ann eadar Gàidhlig agus sunnd tro bhith a' cur fòcas air sunnd ann an sgeamaichean tabhartais".
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

	AR N-ADHBHAR		**AR LUACHAN**	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☐	Clann agus Òigridh	☒
	Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
	Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
	Slàinte	☐	Eadar-Nàiseanta	☒
	Foghlam	☒	Eaconamaidh	☐
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Bidh na sgeamaichean seo a' cur ri cliù na buidhne mar aon de na prìomh sgeamaichean taic-airgid againn, ach leis nach eil an uimhir de bhuidseat ann am-bliadhna dh'fhaodadh gun toir seo buaidh air cliù.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil gin ann
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Thèid measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan uile le tè de na slatan-tomhais airson prìomhachas a chur air iarrtasan a tha a' cur air adhart co-ionannas agus cothroman do chlann a tha, no a tha air a bhith, fo chùram, a rèir Plana Pàrantan Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.
5.10	**Buaidhean air an àrainneachd**
	Thèid measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan uile le tè de na slatan-tomhais airson prìomhachas a chur air iarrtasan a tha mothachail air dòighean gus buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh.

Gnìomhan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23		Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid Bòrd na Gàidhlig 2022/23			
		Taic Freumhan Coimhearsnachd	Colmcille	GLAIF	Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh
	Cleachdadh na Gàidhlig				
U1	A’ comharrachadh chnapan-starra, tro rannsachadh, a bhios a’ cur bacadh air daoine bho bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig agus a’ dealbh ro-innleachdan a chuireas às dhaibh				
U2	A’ dealbh ro-innleachdan a dh’aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th’ ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann	A’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt de dhiofar aoisean	A’ cleachdadh dualchas gus coimhearsnachdan Gàidhlig/Gaeilge a thoirt còmhla agus gus inbhe nan cànanan a thogail A’ brosnachadh conaltradh agus a’ sgaoileadh eòlas agus deagh chleachdaidhean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Gaeilge	A’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns a’ choimhearsnachd, gu h-àraidh am measg daoine òga	
U3	A’ cur ris na th’ ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean			A’ toirt cothroman do dhaoine òga Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach is sgilean-obrach aca a thogail	
U4	A’ toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a’ toirt taic do dh’fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga	A’ toirt cothrom do dhaoine òga le Gàidhlig an cànan a chleachdadh taobh-a-muigh na sgoile, colaiste no oilthigh	A’ toirt luchd-labhairt òga na Gàidhlig is na Gaeilge còmhla tro thachartasan no pròiseactan sgoile		
U5	A’ cur iomairtean air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach, prìobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach			A’ neartachadh chomasan Gàidhlig, a’ cur ri mothachadh Gàidhlig agus a’ cruthachadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh am measg ùghdarrasan poblach agus an luchd-obrach aca	
U6	A’ cuideachadh le bhith a’ cur ri comasan, sgilean agus seasmhachd ann an roinn nan ealain		A’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is na Gaeilge tro na h-ealain		
U7	A’ cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a’ cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca	A’ brosnachadh no a’ cumail taic ri teaghlaichean airson Gàidhlig a chleachdadh còmhla no aig an dachaigh			
U8	A’ toirt maoineachadh do dh’iomairtean a bhios a’ neartachadh beairteas, buntainneas is cunbhalachd a’ chànain		A’ brosnachadh conaltradh agus a’ sgaoileadh eòlas agus deagh chleachdaidhean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Gaeilge		

Gnìomhan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23		Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid Bòrd na Gàidhlig 2022/23			
		Taic Freumhan Coimhearsnachd	Colmcille	GLAIF	Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh
	Ionnsachadh Gàidhlig				
L1	A’ toirt comhairle seachad air poileasaidhean agus a’ toirt stiùireadh don obair gus ro-innleachdan a dhealbh airson foghlam na Gàidhlig			A’ brosnachadh leasachaidh agus leudachadh foghlam Gàidhlig (FtG agus FLi) agus ionnsachadh na Gàidhlig do dh’ inbhich	
L2	Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG			A’ brosnachadh leasachaidh agus leudachadh foghlam Gàidhlig (FtG agus FLi) agus ionnsachadh na Gàidhlig do dh’ inbhich	
L3	A’ cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taice a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a’ chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean	A’ brosnachadh no a’ cumail taic ri teaghlaichean airson Gàidhlig a chleachdadh còmhla no aig an dachaigh			
L4	A’ toirt taic do luchd-compàirt gus cothroman ionnsachaidh phroifeiseanta a chruthachadh is a lìbhrigeadh leis an amas gum bi barrachd luchd-obrach ann agus barrachd sgilean aig luchd-obrach			A’ neartachadh chomasan Gàidhlig, a’ cur ri mothachadh Gàidhlig agus a’ cruthachadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh am measg ùghdarrasan poblach agus an luchd-obrach aca	Sgeama cur taic ris a seo
L5	A’ cur tuilleadh ghoireasan do luchd-ionnsachaidh is oidean air dòigh air LearnGaelic.scot ann an com-pàirt le MG ALBA feuch am bi goireasan ann airson ìrean nas adhartaiche a chuidicheas inbhich gu bhith a’ ruighinn fileantachd				
L6	A’ brosnachadh dhaoine gu bhith a’ cleachdadh teicneòlas ùr gus barrachd dhòighean-ionnsachaidh is dòighean-ionnsachaidh nas èifeachdaiche a thoirt do dh’inbhich	A’ cruthachadh chothroman do dh’inbhich gus Gàidhlig ionnsachadh	A’ cur taic ri ionnsachadh na Gaeilge am measg luchd-labhairt na Gàidhlig	A’ brosnachadh leasachaidh agus leudachadh foghlam Gàidhlig (FtG agus FLi) agus ionnsachadh na Gàidhlig do dh’ inbhich	
L7	A’ toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a’ dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin	A’ cur Gàidhlig air adhart mar phàirt de chomharrachaidhean agus tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid Bliadhna nan Sgeul 2022		A’ neartachadh chomasan Gàidhlig, a’ cur ri mothachadh Gàidhlig agus a’ cruthachadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh am measg ùghdarrasan poblach agus an luchd-obrach aca A’ brosnachadh leasachaidh agus leudachadh foghlam Gàidhlig (FtG agus FLi) agus ionnsachadh na Gàidhlig do dh’ inbhich	Sgeama cur taic ris a seo

Gnìomhan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23		Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid Bòrd na Gàidhlig 2022/23			
		Taic Freumhan Coimhearsnachd	Colmcille	GLAIF	Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh
A' cur air adhart na Gàidhlig					
P1	A’ dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a’ toirt taic do dh’Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig			A’ cur ri inbhe, cunbhalachd is faotainneachd na Gàidhlig tro sheirbheisean coitcheann agus conaltradh an ùghdarrais A’ neartachadh chomasan Gàidhlig, a’ cur ri mothachadh Gàidhlig agus a’ cruthachadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh am measg ùghdarrasan poblach agus an luchd-obrach aca	
P2	A’ toirt fhreagairtean seachad do cho-chomhairleachaidhean poblach co-cheangailte ri cuspairean no raointean a bhuineas ris a’ Ghàidhlig				
P3	A’ togail bratach na Gàidhlig an lùib thachartasan is iomairtean nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid ‘Na Bliadhna airson...’, airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig na pàirt follaiseach dhiubh	A’ cur Gàidhlig air adhart mar phàirt de comharrachaidhean agus tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid Bliadhna nan Sgeul 2022	A’ cur ri dìleab Bhliadhna Colmcille 2021		
P4	A’ dèanamh cinnteach gum bi na meadhanan a’ tuigsinn agus a’ mothachadh do na teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig				
P5	Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh’ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig	A’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt de dhiofar aoisean			
P6	Ag obair còmhla ri buidhnean foghlaim is leasachadh sgilean gus innse do dhaoine mun àite a th’ aig a’ Ghàidhlig ann an Alba, na cothroman obrach a gheibhear leis a’ chànan agus na buannachdan a gheibh an luchd-labhairt bhon Ghàidhlig			A’ toirt cothroman do dhaoine òga Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach is sgilean-obrach aca a thogail	
P7	A’ dealbh ro-innleachdan a nì cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig am feum as motha de dh’obair thosgairean na Gàidhlig				

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1

A' freagairt ri	Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	26/01/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	5.1

Tiotal a' Phàipeir	Coileanadh a' Phlana Gnìomh 2021/22	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach-labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	13/01/2022	Airson aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- PT1 – Coileanadh a' Phlana Gnìomh 21-22	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e as adhbhar don phàipear seo fiosrachadh a thoirt don Chomataidh air coileanadh ghnìomhan ann an 2021/22 mu choinneamh na chaidh a chur ron bhuidhinn ann am Plana Chorporra 2018/23 agus Plana Gnìomh 2021/22.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha am Plana Corporra aig Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh 9 builean coileanaidh a bhios gan cleachdadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh mu choinneamh phrìomhachasan ro-innleachdail a tha rin coileanadh ro 2023.
2.2	Tha Plana Gnìomh 2021/22 a' comharrachadh ghnìomhan sònraichte a thèid a choileanadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan ro-innleachdail bhon Phlana Chorporra. Tha na clàran san aithisg an cois seo a' toirt iomradh air an adhartas a tha ga dhèanamh leis a seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Aig an ìre seo, cha mhòr gu bheil cùisean a' ruith mar a bha an dùil le dàil air beagan ghnìomhan air sgàth dìth luchd-obrach no buaidh COVID air buidhnean eile. Aig an àm seo, thathar den beachd gur ann mar seo a tha an suidheachadh: Àireamh de Ghnìomhan uile gu lèir: 51 Air an coileanadh: 22 (43%) Fo sheòl le dùil gum bi iad dèante taobh a-staigh na bliadhna: 25 (49%) Gun a bhith air tòiseachadh ach le dùil gum bi iad dèante ro dheireadh na bliadhna: 1 (2%) Nach tèid a libhrigeadh air sgàth atharrachaidhean sa bhuidhinn no COVID-19: 3 (6%) Tha barrachd fiosrachadh sa phàipear PT1 air gach gnìomh.
4.0	**Moladh**
4.1	Tha am pàipear seo airson fiosrachadh is thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near don fhiosrachadh seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha an obair sa Phlana Gnìomh a' bualadh gu mòr air an ionmhas againn. Bidh an

	obair seo a' tachairt taobh a-staigh nam buidseatan againn.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Bha buaidh mhòr air an luchd-obrach oir tha an aithisg seo a' toirt iomradh air iomadh gnìomh a tha an sgioba a' toirt air adhart, a' mhòr chuid a bha sa Phlana Gnìomh 21/22 ach bidh obair eile a' nochdadh tron bhliadhna.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh ach le cuid de na gnìomhan, tha iad a' ciallachadh gum bi trèanadh a bharrachd a dhìth air cuid.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am pàipear seo a' cur ris na ceithir amasan corporra aig Bòrd na Gàidhlig.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Thathar an dùil gum bi an aithisg seo a' cur ri cliù na buidhne leis an eòlas a tha ri fhaighinn air obair na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd**
	Tha an dòigh-obrach ùr a' dèanamh feum dhan àrainneachd oir cha robh siubhal ann tron bhliadhna gu ruige seo is bidh na dòighean-obrach ùra a' bualadh air mar a bhios sinn ag obair sna bliadhnaichean ri teachd.

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

A' COILEANAIDH A' PHLANA GNÌOMH 2021-22

Ar Lèirsinn: Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.	**Our Vision:** Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national and economic asset

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig

1. Using Gaelic

Prìomhachasan Ro-innleachdail 1: Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faotainn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna choimhearsnachdan aca	**Strategic Priority 1:** More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha a h-uile targaid seo ag obair a dh'ionnsaigh an lèirsinn gu h-àrd a chur an gnìomh agus tha adhartas math air a bhith ann leis a' mhòr-chuid de na targaidean gu ruige seo agus tha sinn air cuid dhuibh a choileanadh mu thràth.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha adhartas gu ruige seo air a bhith mar a bhiodh dùil.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/12/2021	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/ Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 1: Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh	**Coimhearsnachdan** 1.1 Neartaich a' Ghàidhlig anns na sgìrean traidiseanta le bhith a' toirt taic agus maoineachadh do co-dhiù 10 pròiseactan anns na coimhearsnachdan traidiseanta anns na h-eileanan agus na sgìrean dùthchail.	Chaidh 11 pròiseact maoineachadh tro GLAIF 21/22 airson sgìrean na h-Eileanan Siar, agus 4 pròiseactan le ceanglaichean coimhearsnachd ann an sgìrean traidiseanta air a' Ghàidhealtachd.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd (SPCLC)
	1.2 Tog lìonraidhean nas treasa ann an sgìrean bailteil le bhith a' cumail taic is maoineachadh ri co-dhiù 10 pròiseactan ann an cathair-bhailtean is bailtean mòra.	Chaidh 12 pròiseactan maoineachadh airson Comhairlean Ghlaschu, Dùn Èideann is Dùn Dè tro GhLAIF 21/22, is 2 pròiseact eile ann an Glaschu gu ruige seo.			SPCLC
	Planaichean Gàidhlig - A' gabhail a-steach Dhleastanasan Reachdail 1.3 Dèan cinnteach gu bheilear a' cumail sùil air adhartas le bhith ag iarraidh 58 aithisg dearcnachaidh	Chaidh fios gus aithisgean iarraidh a sgaoileadh gu 46 buidhnean poblach.			SPCLC
	1.4 Dèan cinnteach gu bheil planaichean iomchaidh agus ùraichte le 14 litrichean lèirmheis a' dol a-mach	Chaidh 7 litrichean lèirmheis a-mach gu ruige seo.			SPCLC
	1.5 Meudaich buaidh nam Planaichean Gàidhlig le bhith a' cur a-mach 1 fios tràth gum feumar plana ullachadh	Cha deach fios tràth a-mach fhathast.			SPCLC
	1.6 Dèan measadh air adhartas le bhith a' cur aithisg sgrùdaidh bhliadhnail chun a' Bhùird air planaichean airson 2019/20 (stèidhichte air dàta meatrach nam planaichean)	Chaidh pàipear mu adhartas le planaichean Gàidhlig 2019/20 air beulaibh a' Bhùird air 16/06/2021. Chaidh am pàipear seo, a tha dà-chànanach, a sgaoileadh do gach ùghdarras poblach a tha air aithisgean a chur thugainn no a tha air dheireadh leis na h-aithisgean aca.			SPCLC
	1.7 Cuidich le bhith a' buileachadh 40 pròiseact gus geallaidhean Phlanaichean Gàidhlig a chur an gnìomh tro GhLAIF	Gu ruige seo, chaidh aontachadh ri 52 pròiseactan GLAIF 21-22 (le luach £580k) agus chaidh aontachadh ri 14 pròiseactan ann am prionnsabal aig an ìre seo.			SPCLC

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/12/2021	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Oraind/ Uaine		
	1.8 Meudaich cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' sgaoileadh fiosrachadh gach ràithe mu #Cleachdi do gach ùghdarras poblach a tha an sàs ann am pròiseas nam planaichean Gàidhlig reachdail	Tha oifigearan nam planaichean gu math tric a' togail air an sgeama #cleachdi le ùghdarrasan poblach aig coinneamhan mu phlanaichean no aithisgean dearcnachaidh. Gu ruige seo, chaidh fios a-mach gu Comhairle Baile Ghlaschu, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Puirt-Adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean.			SPCLC
Prìomh Chomharra Coileanaidh 2: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha."	**Tachartasan** 2.1 Meudaich cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' toirt taic do ghnìomhan mar phàirt de Cholmcille 1500, Bliadhna nan Sgeul agus #Cleachdi tro bhith a' lìbhrigeadh nan sgeamaichean maoineachaidh againn	Thathar ag iarraidh air gach pròiseact a gheibh maoineachadh a bhith a' cur air adhart na h-iomairtean seo.			Manaidsear Com-pàirteachasan is Maoineachaidh (MCM)
	2.2 Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' toirt taic do chom-pàirtichean gus Latha na Gàidhlig agus Seachdain na Gàidhlig a chumail	Chaidh aontachadh ri £25k a thabhann do Hands Up for Trad airson Seachdain Gàidhlig na Cruinne a chumail tràth ann an 2022			MCM
	Air-loidhne 2.3 Dèan cinnteach gum bi a' Ghàidhlig nas ruigsinniche tro bhith a' maoineachadh co-dhiù 10 pròiseactan air-loidhne	Chaidh 7 pròiseactan a mhaoineachadh tro GLAIF a thèid lìbhrigeadh gu tur air-loidhne no a bhios cur air adhart na Gàidhlig air-loidhne. Chaidh cuideachd taic a thabhann do Hands Up for Trad airson Seachdain Gàidhlig na Cruinne, pròiseact mòr air-loidhne airson cur air adhart na Gàidhlig.			SPCLC
	2.4 Cruthaich drochaidean eadar fileantaich agus luchd-ionnsachaidh tro bhith a' stèidheachadh "Caraidean cleachdaidh"	Bhuannaich Cànan Graphic Studio a' chùmhnant airson pròiseact #cleachdi Còmhla a lìbhrigeadh dhuinn agus tha adhartas a' tighinn leis. Bidh cleachdi.scot aig amas air luchd na Gàidhlig agus a' brosnachadh conaltradh aig diofar ìrean (gun a bhith dèanamh sgaradh eadar luchd-ionnsachaidh agus fileantaich).			MCM
	2.5 Thoir cothrom air gnìomhan bogaidh tro bhith a' lìbhrigeadh na h-iomairt #Cleachdiaigantaigh le com-pàirtichean	Thòisich seo sa Mhàrt 2020 agus tha e air a bhith a' leantainn on uair sin. Tha BNG air a bhith co-òrdanachadh, le buidhnean lìbhrigidh a' cur air dòigh na tachartasan fhèin. Thàinig an iomairt gu crìch anns a' Ghiblean 2021 aig àm saor-làithean na Càisge. Às dèidh bruidhinn ris na buidhnean lìbhrigidh bha iad an dùil tachartasan aghaidh-ri-aghaidh a ruith leis gun robh na bacaidhean a lagachadh. Tha na buidhnean lìbhrigidh fhathast a' cleachdadh logo "#cleachdiaigantaigh". Tha an hashtag cuideachd fhathast ri fhaicinn air na meadhanan sòisealta.			SPCLC
	Fiosrachadh 2.6 Faigh fianais mu na buannachdan/na dùbhlain a tha ann do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig mar thoradh air a' ghalar sgaoilte tro bhith a' coimiseanadh co-dhiù trì pìosan rannsachaidh	Tha aon pròiseact air tòiseachadh agus aon eile air fàire.			SPCLC

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn?

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

2. 0 Ionnsachadh na Gàidhlig

2. Learning Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Gum bi leudachadh anns na cothroman do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail	**Strategic Priority 2:** Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ris ar lèirsinn tro: Leasachaidhean le cothroman a bharrachd airson an cànan ionnsachadh (luchd-fileanta agus luchd-ionnsachaidh) Neartachadh ìomhaigh a' chànain (ann an coimhearsnachdan eadar-dealaichte agus gu nàiseanta) A' leudachadh siostaman conaltraidh agus co-obrachaidh airson na targaidean sa Phlana Nàiseanta a choileanadh.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Ri linn Covid-19 tha sinn a' beachdachadh gu faiceallach air na dòighean-obrach againn – gu seachd àraidh leis gu bheil an galar a' bualadh gu mòr air seirbheisean foghlaim (de gach seòrsa).

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/12/2021 Dearg/Oraiinds/Uaine	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
Prìomh Chomharra Coileanaidh 3: Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean	3.1 Ullaich ro-innleachd airson an àm ri teachd tro bhith a' cur an gnìomh 4 sgeamaichean pìleat com-pàirteachais a mhaireas 4-6 mìosan le Ùghdarrasan Ionadail	Leis na h-atharrachaidhean ann am BnG, cha bhi sinn a' dèanamh a' ghnìomh seo. Nan àite, tha sinn air gluasad gu ro-innleachd a chur air dòigh le CNAG agus Comann nam Pàrant airson pròiseact pìleat gus taic a thoirt seachad do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean ann an 16 Ughdarrasan Ionadail. Tha coinneamhan ann le CnaG agus Comann nam Pàrant gach mìos; Fios a' sgaoileadh thuca mu bhuidheann tràth-bhliadhnaichean 09/07/2021. Conaltradh le CnaG agus CALA mu chothroman do bhuidheann tràth-bhliadhnaichean Fios a chur gu EG & B mu cothroman trèanaidh anns na tràth ìrean.	**N/a**	**N/a**	Stiùiriche Foghlaim
	3.2 Cuir ri èifeachdas le bhith a' comharrachadh prìomh phuingean conaltraidh airson an dà chuid BnG agus Ùghdarrasan Ionadail.	Bidh an Stiùiriche Foghlaim ag obair le GLAN mar prìomh phuing conaltraidh nàiseanta. Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Foghlaim a' taisbeanadh aig GLAN san Dàmhair 2021 airson fios a thoirt seachad air an obair aice.			Stiùiriche Foghlaim
	3.3 Ann an com-pàirteachas le CnamP, dìon maoineachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh a bheir CORRA seachad a' coileanadh nam Prìomh Chomharran Coileanaidh aca.	Thig Prìomh Chomharran Coileanaidh fhigheadh a-staigh do chumhaichean buidhnean tràth-bhliadhnaichean anns na cùmhnantan aca. Thèid fios a' toirt seachad ann an Aithisgean Adhartais gu CORRA gach cairteal.			Stiùiriche Foghlaim
	3.4 Cuir aghaidh air buaidh COVID-19 le bhith a' toirt taic do Bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean gus dòighean ùra a chruthachadh airson a bhith ag obair air-loidhne agus air a' bhlàr a-muigh, a' gabhail a-steach a bhith a' lìbhrigeadh 24 seiseanan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air-loidhne	Tha 10 buidhnean a' coinneachadh air loidhne le àireamhan de 2465 an làthair bhon a' Ghiblean gu deireadh an Dùbhlachd le 229 sessions uile gu lèir le 69 teaghlaichean.; 16 buidhnean a nis air fhosgladh agus a' lìbhrigeadh seiseanan air a' bhlàr a-muigh le 1209; 136 seiseanan agus 315 teaghlaichean an làthair aca bhon a' Ghiblean chun an Dùbhlachd.			Oifigear Leasachaidh Foghlaim (Tràth-bhliadhnaichean)
	3.5 A' toirt cothrom do bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean obrachadh tro lìbhrigeadh Sgeamaichean Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean agus tro cheannach àrachas airson buidhnean thràth-bhliadhnaichean.	Dh'fhosgail Sgeama Tabhartasan Tràth bhliadhnaichean 2021/22 'sa Chèitein agus dhùn e 13mh Iuchar 2021. Chaidh post dealain a mach chun a h-uile buidheann a fhuair maoineachadh roimhe seo; chaidh a sgeama a shanasachd air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus air na meadhanan sòisealta. Fhuair 19 buidhnean taic (20/21 – 16). Tha àrachas aig 34 bhuidhnean bho Màrt 2021 gu Mart 2022.			Oifigear Leasachaidh Foghlaim (Tràth-bhliadhnaichean)
Prìomh Chomharra Coileanaidh 4: Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart	**Ionnsachadh Proifeiseanta** 4.1 Cuir ri misneachd agus ri lìonrachadh tro cho-labhairt Luchd-teagaisg Ùr-theisteanaichte air a lìbhrigeadh air-loidhne le com-pàirtichean	Co-labhairt air loidhne gu math soirbheachail (05.21) le 31 an làthair is sgòraichean measaidh aig 4/5.			Stiùiriche Foghlaim

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/12/2021	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Oraiinds/Uaine		
	4.2 Cuir ri sgilean agus comas tro chùrsaichean ceannardais airson àrd-luchd-stiùiridh (an dà chuid airson FtG agus dhaibhsan le uallach airson FtG) air an ullachadh le com-pàirteachas a tha a' gabhail a-steach BnG	Tha sinn ann an còmhraidhean proifeasanta le institiud airson seo a thoirt air adhart agus bha coinneamh ann an Lùnastal 2021 le oifigearan Ùghdarrasan Ionadail airson molaidhean fhaighinn bhuapa. Chaidh lìonra nàiseanta air ceannardas ann an FtG stèidhichte le Foghlam Alba is buidhnean nàiseanta eile; bha coinneamh eile san Lùnastal 2021. Thèid an Stiùiriche Foghlaim air ais do SMO airson comhairle proifeasanta a thoirt dhaibh air na molaidhean aca air ceannardas ann am FtG.			Stiùiriche Foghlaim
	4.3 Cuir ri sgilean agus faicsinneachd FtG tro BhnG a bhith a' lìbhrigeadh 3 tachartasan ann am Fèis Ionnsachaidh na h-Alba no a leithid air-loidhne	Fèis Ionnsachaidh na h-Alba air loidhne le fòrmat lùghdaichte air sgàth COVID-19. Lìbhrig BnG aon seisean air 21.09.2021 le Inbhir Àir a Tuath air a' cur air dòigh FtG. Cha robh cothrom ann 3 tachartasan a dhèanamh mar a bha sinn an dùil air sgàth format eadar-dhealaichte.			Stiùiriche Foghlaim
	4.4 Cùm oirnn a' toirt taic do leasachadh sgilean chleachdaidhean FtG sna Tràth-bhliadhnaichean le 8 cothroman trèanaidh airson nan Tràth-bhliadhnaichean air an lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas le Stòrlann agus CALA	Bidh dà sheisean trèanaidh air Gàidhlig nan Òg san Fhaoilleach. Bidh seisean air-loidhne ann mu Heuristic Play and Treasure Baskets tro mheadhan na Gàidhlig san Fhaoilleach cuideachd. Bidh CALA a' lìbhrigeadh trì seiseanan air-loidhne le 30 àiteachan do luchd-frithealaidh air cuspairean eadar-dhealaichte sa Ghearran agus sa Mhàrt.			Oifigear Leasachaidh Foghlaim (TB)
	Cleachdaidhean Foghlam Gàidhlig (FG) 4.5 Cuir ris na h-àireamhan de luchd-obrach FG tro iomairt gus obraichean ann am FG a bhrosnachadh	Tha obair a' dol air iomairt eile airson seo a chur an gnìomh. Thoisich an t-oifigear trusadh luchd-teagasg san Dàmhair.			Stiùiriche Foghlaim
	4.6 Dèan cinnteach gun tèid barrachd Gàidhlig 1+2 a thoirt seachad tro bhith a' cur ri Teisteanas Teagaisg a Bharrachd (ATQ) airson luchd-ionnsachaidh sa Ghàidhlig	Thòisich a' chùrsa Samhain 21 agus a' ruith gus an Dùbhlachd 22, le cùrsaichean FLI ann an àrd-sgoiltean a' tòiseachadh ann an Lùnastal 23 (Seisean 23-24). A' chùrsa maoinichte (03.21) le 10 tagraichean (Glaschu; Dùn Èideann; Lannraig a Tuath; Dùn Breatann an Iar). Comhairle phroifeiseanta a' leantainn bhon Sgioba Foghlaim airson Srath Chluaidh/ Glaschu /CCTA a tha an sàs leis a' phròiseact.			Stiùiriche Foghlaim
	4.7 A' tàladh agus a' cumail oileanaich ann an trèanadh FG le bhith a' lìbhrigeadh sgeama maoineachaidh airson oileanaich is tidsearan ann am FtG obair còmhla ris a' phrìomh luchd-ùidh uile gus cothroman leasachaidh a chomharrachadh tro rannsachadh a chaidh a choimiseanadh gus beachdachadh air gach taobh de dh'fhoghlam Tidsearan Tùsail Gàidhlig	Bha an Sgeama Thabhartasan Oileanach fosgailte gu 2mh Sultain 2021. Fios air a' sgaoileadh air na meadhanan sòisealta agus làrach-lìn a' Bhùird. Bha 47 tagraidhean soirbheachail ann le taic-airgid £60k (20/21 – 47). Gu math brosnachail gu bheil na h-àireamhan eadar an dà bhliadhna aig an aon ìre, a dh'aindeoin COVID-19.			Stiùiriche Foghlaim
	4.8 Ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean na h-Alba agus buidhnean eile, tarraing barrachd dhaoine òga a-steach do thrèanadh proifeasanta airson FG tro bhith a' lìbhrigeadh ceithir tachartasan dreuchdail	Tha coinneamhan air a bhith ann eadar an t-oifigear leasachaidh is Leasachadh Sgilean na h-Alba, ag obair air tachartas sa Mhàrt 2022.			
	Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig 4.9 An Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig air a chleachdadh barrachd (le ath-sgrùdadh air a dhèanamh; agus 50% de mholaidhean air an cur an gnìomh ron Mhàrt 2022 le plana agus clàr-ama ann gus an còrr a chur an gnìomh)	Coinneamhan Ath-sgrùdaidh a' leantainn le GLAN, Foghlam Alba, Riaghaltas na h-Alba, CnamP (coinneamh mu dheireadh 22.06). Frèama airson iomairt shanasachd a libhrigeadh aontaichte (22.06). Còmhraidhean a' leantainn le Fìobha agus Rinn Friù airson obair ann an com pàirteachas a dhèanamh. Coinneamh dhen Bhuidheann-fòcais Phàrantan 13.07.21			Stiùiriche Foghlaim

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/12/2021	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 5: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart.”	**Ionnsachadh na Gàidhlig** 5.1 Cuir ri sgilean cànain tro structaran, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas, airson lìonraidhean eadar-ghinealaich agus barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann an coimhearsnachdan traidiseanta agus ùra	Bidh cleachdi.scot a’ dol beò ann an 2022 agus bheir seo fiosrachaidh do dhaoine far am bi cothroman Gàidhlig a bhruidhinn còmhla (air-loidhne is gu beò).			Manaidsear Com-pàirteachasan is Maoineachaidh (MCM)
	5.2 Barrachd leasachaidhean air an comharrachadh tro mheasadh air goireas ‘ionad uile-fhreastail’ airson pàrantan a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh agus/no a chleachdadh san t-Sultain 2021	Tha an làrach-lìn ùr (‘ionad uile-fhreastail’) a-nise deiseil is chaidh a cur air bhog san t-Samhain 2021.			Stiùiriche Foghlaim
	5.3 Thoir seachad slighe eile gu fileantas do phroifeiseantaich foghlaim le sgeama bogaidh airson cleachdaidhean foghlaim Gàidhlig air a mhaoineachadh; agus air a lìbhrigeadh le com-pàirtichean	Maoineachas airson an Sgeama Bogaidh aontaichte (06.21) le 2 luchd-teagaisg à Dhùn Èideann a’ frithealadh a’ chùrsa bogaidh aig Oil. Ghlaschu san t-seisein 21-22.			Stiùiriche Foghlaim
	5.4 Taic gus cur ri àireamhan an luchd-ionnsachaidh agus nan slighean gu fileantas le bhith a’ gabhail pàirt ann an leasachaidhean SpeakGaelic, gu sònraichte tro mhaoineachadh	Chaidh SpeakGaelic a chur air bhog air 15.10.2021 leis an làrach-lìn deiseil ron uair sin. Aig coinneamh a’ Bhùird-stiùiridh air 06.10.2021, dh’aontaich am Bòrd-stiùiridh taic a chumail do dh’ullachadh B1 agus B2 airson nan ath cheumannan aig SpeakGaelic.			Stiùiriche Foghlaim

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh’ fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart

3. Promoting Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil don Ghàidhlig agus a cultar	**Strategic Priority 3:** More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha a h-uile targaid seo ag obair a dh' ionnsaigh an lèirsinn gu h-àrd a chur an gnìomh agus tha adhartas math air a bhith ann gu ruige seo agus tha sinn air cuid dhuibh a choileanadh mu thràth.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha adhartas gu ruige seo air a bhith mar a bhiodh dùil.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	**Targaid**	**Adhartas gu** 31/12/2021	**Coileanadh gu 31/12/2021** **Dearg/Orainds/Uaine**	**Dùil aig 31/03/22**	**Oifigear-stiùiridh aithris**
Prìomh Chomharra Coileanaidh 6: A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	**Tagradh** 6.1 Cuir freagairtean a-steach gu co-dhiù 12 cho-chomhairleachadh phoblach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air a' Ghàidhlig	Tha Reference Economic Consultants ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is a' deasachadh nam freagairtean do cho-comhairlean poblach. Tha an obair ga dèanamh eadar Reference Economic Consultants agus sgiobaidhean aig BnG. Tha 23 freagairtean air a dhol a-steach eadar an t-Ògmhios agus deireadh na Dùbhlachd 2021.			Manaidsear Chom-pàirteachasan is Maoineachaidh (MCM)
	6.2 Brosnaich co-dhiù 5 buidhnean ùra gus poileasaidhean Gàidhlig a thoirt a-steach gus a' Ghàidhlig a neartachadh san obair aca	Tha coinneamhan air a bhith ann le còig buidhnean mu phoileasaidhean/ùidh anns a' Ghàidhlig. 'S iad Highland Wildlife Park, Gaelic Athletic Association – Scotland, CHARTS, Highlife Highland, Hebridean Housing.			MCM
	6.3 Brosnaich 5 pròiseactan ùra gus comas a thoirt do buidhnean planaichean Gàidhlig saor-thoileach a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a neartachadh san obair aca.	Tha còmhraidhean air a bhith ann mu dheidhinn 7 pròiseactan ùra gu ruige seo - Coire Shalach – Urras Nàiseanta na h-Alba; Spiorad na Gàidhealtachd – Highlife na Gàidhealtachd; Fèis The Gathering; Là Mòr na Gàidhlig – Hands Up For Trad; Abair E – Stòrlann; Indylan – Herriot Watt University; Pròiseactan òigridh - Royal Scottish National Orchestra. Chùm sinn, gu soirbheachail, còig bùthan-obrach poblach (air-loidhne) air "Leasachadh is Lìbhrigeadh Pròiseactan Gàidhlig".			MCM
	6.4 6 Conaltraidhean le luchd-poilitigs (gu dìreach, tro fhoillseachaidhean, agus tro Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig) gus tuigse agus gnìomhan a mheudachadh	Chaidh pàipear fiosrachaidh mu dheidhinn obair a' Bhùird a sgaoileadh do Bhuill Pàrlamaid na h-Alba air thoiseach air an deasbad a bha sa Phàrlamaid air 23 Ògmhios 2021 is chaidh an Aithisg Bhliadhnail is Aithisg Luchd-sgrùdaidh a sgaoileadh do BPA san Dùbhlachd. Bha coinneamh de Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig air 25.10.2021 le taisbeanadh air Dàta Foghlaim agus Plana Nàiseanta #4 air a lìbhrigeadh le BnG. Chaidh coinneamh eile a chumail air 6.12.2021 is bidh tè eile ann air 9/2/2022.			Ceannard
	Mothachadh/Brosnachadh 6.5 Comas air a thoirt do dhaoine eile gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig tro bhith a' foillseachadh stiùireadh air buidhnean, tachartasan agus dualchas Gàidhlig air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig	Bidh làrach-lìn ùr - www.cleachdi.scot a' tighinn ann an 2022 tron phròiseact #cleachdi còmhla. Bidh seo a' toirt stiùir is brosnachadh do dhaoine coinneachadh is bruidhinn na Gàidhlig còmhla.			MCM
	6.6 Fiosrachadh nas ruigsinniche tro bhith a' cur làrach-lìn ùr air bhog ro 01 Giblean 2021.	Chaidh an làrach-lìn ùr air bhog ro 01 Giblean 2021. Eadar 01 Giblean 2021 agus 30 Ògmhios 2021 chleachd 5,971 dhaoine an làrach-lìn, suas 193% bhon aon àm ann an 2020.			SPCLC
	6.7 Leudaich ruigsinneachd iomairt #Cleachdi	Tha sgioba Conaltraidh air a bhith a' cleachdadh iomairt #cleachdi airson sgeulachdan dhaoine le Gàidhlig a bhrosnachadh air loidhne. Tha na posts seo air a bhith gu math soirbheachail. Thòisich sgaoileadh bhathar #cleachdi a-rithist san Lùnastal 2021. Tha Comhairle nan Leabhraichean a' lìbhrigeadh na h-obrach seo as leth BnG. Tha iarratas mòr ann airson bathar fhaighinn.			MCM

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/12/2021	Dùil aig 31/03/22	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Oraindsh/Uaine		
	6.8 Thoir buaidh nas motha air na meadhanan sòisealta tro bhith a' toirt leudachadh de 20% air an ruigsinneachd againn (bun-loidhne luchd-chleachdaidh 20/21 – Twitter 7,275; Facebook 4,733, Instagram 1,821)	Tha obair air na meadhanan sòisealta a' ruith gu cunbhalach. Stats air 07 Faoilleach 2022: Twitter BnG – 7,007, Twitter BnG Foghlam – 894 (7,901), Facebook – 5,429 (followers), 4,921 (likes), Instagram BnG - 2,090, Instagram BnG Foghlam – 707 (2,797)			OC
	6.9 Thoir seachad fiosrachadh agus oideachadh mun Ghàidhlig agus a cultar le bhith a' stèidheachadh seirbheis fiosrachaidh tro sholaraiche air an taobh a-muigh	Thathas an dùil gum bi an làrach-lìn #cleachdi a' dèiligeadh le seo gu ìre. Bidh làrach lìn ùr - www.cleachdi.scot a' tighinn ann an 2022 tron pròiseact #cleachdi còmhla.			MCM
Prìomh Chomharra Coileanaidh 7: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba."	**Sunnd** 7.1 Iomairt gus a' Ghàidhlig aithneachadh mar phàirt de shunnd ann an Alba air a chur an gnìomh	Tha riochdairean bho BnG a' brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig air a' bhuidhinn stiùiridh is buidheann obrach aig bliadhna nàiseanta - Bliadhna nan Sgeul 2022. Ann am brathan-naidheachd, thèid buaidh thachartasan Gàidhlig, gu sònraichte air-loidhne, air sunnd is a bhith a' neartachadh coimhearsnachdan ainmeachadh gu cunbhalach.			SPCLC
	7.2 Barrachd cheanglaichean ann eadar Gàidhlig agus sunnd tro bhith a' cur fòcas air sunnd ann an sgeamaichean tabhartais	Thèid lèirmheas a dhèanamh air slatan-tomhais is prìomhachasan sgeamaichean 22/23 (air foillseachadh ann an 21/22) gus seo a dhèanamh			SPCLC
	7.3 Bithear a' coimiseanadh rannsachadh air a' cheangal eadar Gàidhlig agus sunnd gus cur ri cothroman gus togail air seo	Dreachd de speac a' phròiseict air ullachadh às dèidh grad-lèirmheas a dhèanamh air litreachas eadar-nàiseanta air sunnd.			Manaidsear Rannsachaidh is Planadh Corpais
	Plana Nàiseanta na Gàidhlig 7.4 Com-pàirteachadh nàiseanta san ath Phlana tro bhith ga chur a-mach airson co-chomhairle ro 1 Dàmhair 2021	Thòisich an obair seo a rèir a' chlàr-ama. Cha robh e comasach a sgaoileadh ro 1 Dàmhair 2021 oir bidh aonta a' Bhùird-stiùiridh a dhìth air. Thèid e dhan ath choinneimh is thèid e a-mach do cho-chomhairle taobh a-staigh clàr-ama airson an ath phlan.	N/a	N/a	SPCLC

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh 'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn:

4. Deagh Riaghladh

4. Good Governance

Prìomhachas Ro-Innleachdail 4: Gun cùm Bord na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige	**Strategic Priority 4:** Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works
▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ri ar lèirsinn tro: Trèanadh is leasachadh airson an sgioba air fad; pròram leasachadh a' leantainn air aithisgean luchd in-sgrùdaidh. Tha suidheachadh a thaobh obair bhon taigh a' ciallachadh gu bheil sinn a' dèanamh tòrr adhartais a thaobh na h-àrainneachd. Tha adhartas math air a bhith ann air a' Phlana Leasachaidh.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha e air a bhith dùbhlanach an adhartas a bu mhath leinn a dhèanamh a dhèanamh leis gu bheil barrachd obair ann air sgath 's gu bheil sinn sgapte agus tha sin fhèin ag adhbharachadh obair a bharrachd. A dh'aindeoin sin, tha deagh adhartas air a bhith ann.

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/12/2021	Coileanadh gu 31/12/21	Dùil aig 31/03/22	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 8: Bidh barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh leis an abairt, “Tha an obair agam aig Bòrd na Gàidhlig a’ còrdadh rium agus tha i a’ dèanamh diofar.”	**Luachan** 8.1 Tha luachan na buidhne leabaichte aig cridhe gach rud a nì sinn gus cur ri com-pàirteachas agus riarachas	Tha na luachan air an cleachdadh aig tòiseach gach coinneamh mhìosail aig Dè tha Dol; tha iad mar phàirt den gach Plana Obrach Pearsanta (POP) gus cothrom a thoirt do gach neach a bhith a’ beachdachadh air aon luach airson na 6 seachdainean ri thighinn.			Ceannard
	Conaltradh 8.2 Bidh sinn air plana gnìomh a chur an sàs gus na poileasaidhean aig Bòrd na Gàidhlig, agus an conaltradh mun deidhinn, ùrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear gan tuigsinn agus gu bheilear gan leantainn	Tha clàr-ama ann leis an t-seirbheis HR gus lèirmheas a dhèanamh air na poileasaidhean uile ro dheireadh a’ Mhàirt 2022. Thèid gach poileasaidh gu Sgioba Stiùiridh; Luchd-obrach agus air ais gu Sgioba Stiùiridh airson beachdan / molaidhean agus an uair sin thèid iad don Chomataidh Poileasaidh is Goireasan airson aonta. Tha cleas ann far a bheil Manaidsear Gnìomhan a’ bruidhinn air poileasaidh gach cola-deug aig Dè tha Dol foirmeil agus tha cothrom ann ceistean a chur. Thèid an geàrr-iomradh air a’ phoileasaidh ri geàrr-chunntas na coinneimh gus am faic luchd-obrach nach robh an làthair na chaidh a ràdh.			Manaidsear Gnìomhan
	Ùr-ghnàthachas agus Èifeachdas 8.3 Bheir sinn a-steach trì teicneòlasan ùra no trì cleachdaidhean ùra de theicneòlas - airson obair rianachd air sgeamaichean maoineachaidh, a’ toirt piseach air a’ bhathar-bog HR againn agus a’ comasachadh tagraidhean chosgaisean air-loidhne gus uallaichean obrach a lughdachadh agus a bhith nas èifeachdaiche	Tha siostam airson iarrtasan trèanaidh agus measadh trèanadh air a neartachadh le foirmichean measaidh ri fhaighinn ann an àite soilleir ann an Sharepoint agus iarrtasan air PeopleHR; tha siostam air-loidhne ann a-nise airson cosgaisean (siubhail is eile) a tha luchd-obrach a’ cleachdadh; agus tha sinn a’ cleachdadh Microsoft Planner gus siostam nas làidir a thaobh gnìomhan.			Manaidsear Gnìomhan
Prìomh Chomharra Coileanaidh 9: Bidh barrachd de ar luchd-ùidhe ag aontachadh leis an abairt, “Tha Bòrd na Gàidhlig a’ coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a’ cur taic ris an obair againne.”	**Leasachaidh Leantainneach** 9.1 80% den Phlana Leasachaidh againn air a chur an gnìomh ro 31 Màrt 2022 gus am bi sinn nar buidheann nas fheàrr do luchd-obrach agus luchd-ùidh	Às dèidh coinneamh a’ Bhùird-stiùiridh air 06.10.2021, bha 100% den Plana Leasachaidh air a chur an gnìomh.			Ceannard
	9.2 Coilean no rach thairis air na targaidean san Aithris Luach as Fheàrr againn gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn am feum as fheàrr de ghoireasan poblach	Cha do thoisich obair air Aithris Luach as Fheàrr fhathast ach thèid lèirmheas a dhèanamh ron Ghearran 2022.			Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra
	A’ Lùghdachadh Carboin 9.3 Bidh plana siubhail gnìomhachais an gnìomh againn a bhios a’ cur ris na targaidean lùghdachaidh carboin againn.	Tha an obair seo air tòiseachadh le cruthachadh eòlais bho bhuidhnean poblach eile air ciamar a tha iadsan a’ lìbhrigeadh seo. Chaidh dreachd phlana a sgrìobhadh agus a chuairteachadh aig Sgioba na Àrainneachd taobh a-staigh na buidhne airson beachd mus tèid e air adhart gu Sgioba-stiùiridh san Fhaoilleach 2022.			Manaidsear Gnìomhan

Cothroman Ùra
Dè na gnìomhan eile a dh’fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn

Seisean Fosgailte

Cuspair 5.1 PT1

Dearg Orains Uaine

Bidh aithisgean adhartais gu tric a’ dèanamh feum de shiostam le ‘solais trafaig’ gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a’ dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach ’s a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ris cho dìcheallach ’s a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor ’s a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a’ phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus ’s e an t-amas a th’ aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh’fheumas an Sgioba-stiùiridh/am Bòrd-stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – m.e., a’ tomhas adhartas, a’ cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a’ cumail fios ris an Sgioba-stiùiridh agus ris a’ Bhòrd-stiùiridh.

	Adhartas sa bhliadhna seo gu ruige seo	**Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais**
	• Cha do thòisich an obair seo fhathast. • Tha duilgheadasan mòra ann leis a’ phròiseact seo. • Feumaidh manaidsearan cùisean a leasachadh sa bhad.	• Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith • Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a’ phròiseict gus cinn-uidhe ghnothachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair thoirt gu buil • [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.] • [Nota 2: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a’ ghnìomh, còmhla ris a’ mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a’ bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag ’s as urrainn.]
	• Chan eil e air a choileanadh, thathar a’ dèanamh adhartas. • Tha obair air tòiseachadh air seo. • Tha an obair a’ dol air adhart mar a bhathar an dùil.	• Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur. • [Nota 3: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a’ ghnìomh, còmhla ris a’ mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh’fhaodadh cuideachadh le bhith a’ coileanadh na h-obrach gus an gabh e comharrachadh mar Uaine.]
	• Tha an gnìomh seo air a choileanadh, agus chan eil duilgheadasan ann.	• Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a’ chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 06.1

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	26/01/2022
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	05.1

Tiotal a' Phàipeir	Amasan Àrd-ìre	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard Anna Walker, Oifigear Phlanaichean Cànain Kyle Orr, Oifigear Phlanaichean Cànain	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
-	-	-
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 - PGR001 EO3 Alba Chruthachail PT2 – PGR009 EO3 Comhairle Bhaile Dhùn Èideann PT3 – PGR059 EO2 SpòrsAlba	

1.0	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta na Comataidh airson dreachd de na h-amasan àrd-ìre airson trì ùghdarrasan poblach.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chaidh an dreachd de na h-amasan àrd-ìre ann am PT1 – PT2 ullachadh ann an com-pàirteachas leis na h-ùghdarrasan poblach seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha na h-Amasan Àrd-ìre stèidhichte air na prìomhachasan anns a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23.
3.2	Ma thèid aontachadh ris na h-amasan àrd-ire seo, thèid iad gu Ministear na h-Alba le uallach airson na Gàidhlig airson fiosrachadh.
4.0	**Moladh**
4.1	Aire a thoirt don fhiosrachadh ann am PT1 agus PT2.
4.2	Aonta a chur ris na h-amasan àrd-ìre ann am PT1 agus PT2.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas** Chan eil buaidh ionmhais ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach** Cha bhi buaidh mhì-àbhaisteach ann air an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh** Chan eil buaidh ann air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra**

Tha planaichean Gàidhlig reachdail air aon dè na prìomh dhòighean anns am bi obair Bhòrd na Gàidhlig a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig an gnìomh.

Bidh na planaichean seo a' cur air adhart nam prìomh amasan anns a' phlana chorporra aig Bòrd na Gàidhlig gu sònraichte mar a leanas:-

"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig"

5.5 **Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6 **Buaidhean air Cliù**
Le bhith a' co-obrachadh leis na h-ùghdarrasan poblach seo gus na h-amasan àrd-ìre a chur ri chèile, bidh seo a' neartachadh a' cheangail eadar Bòrd na Gàidhlig agus na h-ùghdarrasan.

5.7 **Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
Chan eil buaidh air slàinte is sàbhailteachd

5.8 **Buaidhean Laghail**
Tha am pròiseas seo stèidhichte air na dleastanasan reachdail aig Bòrd na Gàidhlig gus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh. Tha dleastanasan aig cuid de na h-ùghdarrasan seo cuideachd fo sgèith Achd an Foghlaim (Alba) 2016.

5.9 **Buaidhean air Co-ionannas**
Chan eil buaidh dhìreach air co-ionannas tro na h-amasan àrd-ìre seo ach bidh oifigearan a' Bhùird a' cumail sùil air cùisean co-ionannachd mar phàirt den phròiseas dearcnachaidh ann an co-bhonn leis na h-ùghdarrasan seo.

5.10 **Buaidhean air an Àrainneachd**
Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

Amasan Àrd-Ìre Alba Chruthachail| Creative Scotland High Level Aims

Plana Gàidhlig Eagran 3| Gaelic Language Plan Edition 3

Amasan Àrd-Ìre	High-level Aims
Airson an cur a-steach do dh'eagran 3 de Phlana Gàidhlig Alba Chruthachail	**For inclusion in edition 3 of Creative Scotland's Gaelic Language Plan**
A' cleachdadh na Gàidhlig	**Using Gaelic**
A' cumail a' dol le pròiseactan agus buidhnean ro-innleachdail a mhaoineachadh a lìbhrigeas ealain is cultar tro mheadhan na Gàidhlig. A' brosnachadh bhuidhnean maoinichte gus planaichean a leasachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh. A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-ealain Gàidhlig air a h-uile sruth-maoineachaidh aig Alba Chruthachail.	Continue to fund projects and strategic organisations which deliver arts and culture through the medium of Gaelic. Encourage funded organisations to develop plans to increase the use of Gaelic. Ensure that Gaelic artists have access to all Creative Scotland funding streams.
Ag ionnsachadh na Gàidhlig	**Learning Gaelic**
A' cumail a' dol le pròiseactan agus buidhnean ro-innleachdail a mhaoineachadh a tha ag amas air ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh. Ag ath-stèidheachadh agus ag ùrachadh nan goireasan a chaidh a leasachadh roimhe airson taic a chumail ri ionnsachadh na Gàidhlig ceangailte ri ealain is cultar ann an Alba (mar eisimpleir susbaint air-loidhne airson Learn Gaelic agus/no Speak Gaelic).	Continue to fund projects and strategic organisations which aim to increase the learning of Gaelic. Re-establish and update the previously developed resource to support Gaelic learning connected to arts and culture in Scotland (for example digital content for Learn Gaelic and/or Speak Gaelic).
A' cur na Gàidhlig air adhart	**Promoting Gaelic**
A' cumail a dol le pròiseactan a mhaoineachadh a bhios a' taisbeanadh cànan is cultar na Gàidhlig.	Continue to fund projects which showcase Gaelic language and culture.

A’ gabhail dreuchd ceannardais ro-innleachdail airson ealain is cultar na Gàidhlig aig ìre chruinneil, nàiseanta is eadar-nàiseanta. (M.e. a’ gabhail pàirt ann am fòram Adhartas nas Luaithe agus a’ dol an sàs gu for-gnìomhach ann an Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig agus buidhnean eile mar NGAS – National Gaelic Advisory Forum). A’ dealbhachadh gu soilleir nan ceumannan a ghabhas Alba Chruthachail airson lìonra ion-obrachail a chumail suas airson ealain is cultar na Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an Alba (mar eisimpleir an lìonra RFO). A’ cruthachadh sgioba buileachaidh a’ Phlana Ghàidhlig taobh a-staigh Alba Chruthachail airson dèanamh cinnteach gun tèid na h-amasan is miannan tarsainn na buidhne.	Take a strategic leadership role for Gaelic arts and culture at a global, national and international, level. (E.g. participate in the Faster Rate of Progress forum and actively participate in the Gaelic Tourism Strategy Implementation Group and other groups such as NGAS – National Gaelic Advisory Forum). Clearly layout the measures that Creative Scotland will take to sustain a viable network of organisations to deliver Gaelic arts and culture in Scotland (for example the RFO network). Establish a Gaelic Language Plan implementation group within Creative Scotland to ensure delivery of the aims and ambitions across the organisation.

Amasan Sheirbheisean Corporra | Corporate Service Aims

Amasan airson Seirbhisean Corporra	Corporate Service Aims
Àrd Phrionnsapalan	**Overarching Principles**
Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' Phlana Ghàidhlig air a lìbhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.	**Equal Respect** Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.
Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonnan air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.	**Active Offer** Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.
Treas Partaidhean A' dearbhadh gum bi ALEOs agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich a chur an gnìomh.	**Third Parties** Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.
Gàidhlig na nì àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a- steach ann an structaran an ùghdarrais phoblaich tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.	**Normalisation** Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.
Pàrantan Corporra Gu bheilear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Pàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànain eile.	**Corporate Parenting** That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.
Inbhe	**Status**
Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.	**Logo** Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.
Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.	**Signage** Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.

Conaltradh leis a' phoball	Communicating with the public
Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon poball daonnan.	**Promotion** Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.
Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.	**Written Communication** Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.
Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air t-seirbheis dhan phoball.	**Reception and phone** Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.
Coinneamhan Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.	**Public meetings** Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.
Fiosrachadh	**Information**
Fiosan-naidheachd Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.	**News releases** High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.
Meadhanan sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.	**Social Media** Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users
Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.	**Website** Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.
Irisean Corporra Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.	**Corporate Publications** Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.

Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.	**Exhibitions** Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.

Luchd-obrach	Staff
Sgrùdadh Luchd-obrach Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	**Internal audit** Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	**Induction** Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions
Trèanadh cànain Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhann agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	**Language training** Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.
Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh.	**Awareness training** Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh. Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach gus seirbheisean Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	**Recruitment** Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process. Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice. Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.
Corpas na Gàidhlig	**Gaelic Language Corpus**
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.	**Gaelic Orthographic Conventions** The most recent Gaelic Orthographic Conventions will be followed in relation to all written materials produced by the public authority.
Ainmean-àite Iarrar stiùireadh bho Ainmean-Àite na h-Alba	**Place names**

agus cumar ris an stiùireadh sin.	Gaelic place name advice from Ainmean-Àite na h-Alba is sought and used.

Amasan Àrd-ìre Comhairle Baile Dhùn Èideann
Plana Gàidhlig Eagran 3

City of Edinburgh Council High Level Aims
Gaelic Language Plan Edition 3

Amasan Àrd-ìre	High-level Aims
Airson an cur a-steach do dh'eagran 3 de Phlana Gàidhlig Comhairle Baile Dhùn Èideann (CBDÈ)	**For inclusion in edition 3 of City of Edinburgh Council's (CEC) Gaelic Language Plan**
A' cleachdadh na Gàidhlig	**Using Gaelic**
Dèan cinnteach gun leasaich clann agus daoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) mothachadh làidir air cultar is coimhearsnachd na Gàidhlig, ceangailte ri feallsanachd, lèirsinn agus amasan nan sgoiltean aca. Thèid seo a thoirt air adhart ann an co-obrachadh le com-pàirtichean, a' gabhail a-steach Comunn na Gàidhlig.	Ensure that children and young people in Gaelic Medium Education (GME) develop a strong sense of Gaelic culture and community, linked to the ethos, vision and aims of their schools. This will be taken forward in collaboration with partners, including Comunn na Gàidhlig.
Thoir taic for-gnìomhach do leasachadh ionad coimhearsnachd Gàidhlig, ceangailte ri solar FtG, tro cho-obrachadh dlùth le coimhearsnachd Ghàidhlig a' bhaile.	Actively support the development of a Gaelic community centre, linked to GME provision, through close partnership with the Gaelic language community in the city.
Ag ionnsachadh na Gàidhlig	**Learning Gaelic**
Dèan cinnteach gu bheil solar FtG 0-18 àrd-chàileachdail leudaichte air a lìbhrigeadh, an dèidh pròiseas co-chomhairleachaidh poblach, a' gabhail a-steach solar FtG bun-sgoile agus tràth-bhliadhnaichean a bharrachd.	Ensure expanded provision of high-quality, immersive 0-18 GME provision is delivered, following a public consultation process, including additional GME primary and early years provision.
An dleastanas a th' ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a ghabhail os làimh gus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh do luchd-còmhnaidh sgìre CBDÈ mar a thathar a' meas iomchaidh, a' gabhail a-steach a' chothruim a th' ann do phàrantan iarraidh gun tèid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh anns an sgìre.	Undertake the duty under the Education (Scotland) Act 2016 to promote and support, as appropriate, the potential for Gaelic medium and Gaelic learner education to the CEC residents, including the opportunity that exists under this Act for parents to request the establishment of Gaelic Medium Education.
A' cur na Gàidhlig air adhart	**Promoting Gaelic**
Stiùir air leasachadh a' phròiseict agus brannd Capital Gàidhlig, a' togail air a' chomas a th' aige air a bhith a' toirt còmhla a' choimhearsnachd chultarail is cànain Ghàidhlig san fharsaingeachd agus an roinn turasachd, ceangailte ri agus a' toirt taic do leasachaidhean ann am FtG.	Lead on developing the Capital Gaelic project and brand, building on its potential for coalescing the wider Gaelic cultural and linguistic community and the tourism sector, linked to and supporting developments in GME.

Amasan Sheirbheisean Corporra **Corporate Service Aims**

Amasan airson Seirbhisean Corporra	Corporate Service Aims
Àrd Phrionnsapalan	**Overarching Principles**
Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' Phlana Ghàidhlig air a lìbhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.	**Equal Respect** Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.
Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonnan air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.	**Active Offer** Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.
Treas Partaidhean A' dearbhadh gum bi ALEOs agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich a chur an gnìomh.	**Third Parties** Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.
Gàidhlig na nì àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a- steach ann an structaran an ùghdarrais phoblaich tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.	**Normalisation** Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.
Pàrantan Corporra Gu bheilear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Pàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànain eile.	**Corporate Parenting** That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.
Inbhe	**Status**
Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.	**Logo** Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.
Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.	**Signage** Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.

Conaltradh leis a' phoball	Communicating with the public
Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon poball daonnan.	**Promotion** Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.
Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.	**Written Communication** Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.
Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air t-seirbheis dhan phoball.	**Reception and phone** Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.
Coinneamhan Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.	**Public meetings** Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.
Fiosrachadh	**Information**
Fiosan-naidheachd Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.	**News releases** High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.
Meadhanan sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.	**Social Media** Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users
Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.	**Website** Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.
Irisean Corporra Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.	**Corporate Publications** Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.

Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.	**Exhibitions** Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.

Luchd-obrach	Staff
Sgrùdadh Luchd-obrach Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	**Internal audit** Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	**Induction** Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions
Trèanadh cànain Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhann agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	**Language training** Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.
Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh.	**Awareness training** Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh. Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach gus seirbheisean Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	**Recruitment** Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process. Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice. Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.
Corpas na Gàidhlig	**Gaelic Language Corpus**
